

Na Peacaich

Le Pòl Younger

Cho faisg, ach cho fad' air falbh. Uaireannan, nuair a bha aige ri misean a' dhèanamh mu thuath na sgìre, chunnaic Calum Alba air fàire. Agus a h-uile latha chaidh e ainmean-àite eòlacha a leughadh air na soidhnichean-rathad. Ach, a' dh'aindeoin sin, cha robh an t-àite seo a dhachaigh idir, idir. Cha robh. Bha e a-null thairis, ceart gu leòr, agus e ag obair airson Banrigh 's Dùthchas.

An-uiridh, chaidh a chompanaidh air dleastanas a' dhèanamh ann an Àird Mhacha a' Deas: freiceadanan-faire armaichte mu thimcheall Crois Mhic Lionnàin. B' àbhaist aig an t-sìde an sin a' bhith cho coltach ri sìde na h-Alba: gailleann seachad gailleann. Chunnaic Calum gur e 'Sliabh Gaillinn' an t-ainm air an cnoc as àirde an sin. Ged 's a tha sealladh-dùthcha brèagha ann, bha Àird Mhacha a' Deas na h-àite as cunnartaiche airson sàighdearan Breatannach: fìor thìr nan ceannaircich.

Latha seachad latha, bha aca ri freiceadanan-faire armaichte a' dhèanamh fo dhragh mòr. Seall; coisich; stad. Seall, coisich; stad. Seall; coisich; stad. Cruth-tìre uaine fo sgòth dhubh. Laithean ràsanach, seachdain sgìth an dèidh seachdain sgìth. Mu dheireadh thall, chaidh a h-uile saighdear a' faireachdainn nach robh an companaidh ann an cunnart mòr. Dìreach an uair sin, thàinig a' mhòr-thubaist: feall-fhalach brùideil.

Urchair. Thuit cuideigin. Crùb; seall; clisg.

“Na clisg! Na clisg! Seall air fàire! Cait' bheil an snaipear?”

“Chan eil fhios'm. Chan eil mi ga fhaicinn”.

“A bheil Johnson fhathast beò?”

“Chan eil mi cinnteach. Chan urrainn dhomh ruig e”.

Urchair eile. Thuit Anderson. Talamh uaine fo fhuil dearg.

“Na clisg! Loisg ris an fhàire. Cait' a bheil iad?”

“Chan eil fhios'm. Chan eil fhios'm”.

Cha robh fios aige riamh, agus cha bhi gu bràth.

Thòisich ann t-saoghal a' thionndadh nas maille. Thàinig na heileacoptairean. Chaidh seachdhain no dhà a' gluasad gu mall, gu sàmhach. Chaidh an companaidh gu lèir chun na

tiodhlacaidhean ann an Sasainn. Smaointean dhubha fo thalamh uaine. Chan fhaod Calum fhèin ùrnaigh sam bìth a' dhèanamh airson a chompanaichean marbha. Dh'fheuch e, ach cha do tàinig a-mach na faclan.

Rinn an t-Arm Rannsachadh Oifigeil air an fheall-fhalach. Gu nadarrach, smaoinich gun robh am muirtear na Phoblachdaiche. Poblachdaiche. Nach ann gun robh sin a' ciallachadh Caitligeach cuideachd? 'S ann. Gun teagamh sam bìth, a-rèir a h-uile saighdear anns a' chompanaidh. Bha e fhèin na Caitligeach, uaireigin co-dhiù. Caitligeach mar a tha a' mhòr-chuid eile de na daoine ionadail ann an Uibhist a' Deas. Às dèidh an fheall-fhalach, bha e cinnteach nach till e chun na h-Eaglaise gu bràth. “Na bruinnibh rium mu dhèidhinn creideamh sam bìth”, ars esan “agus gu sonraichte na bruinnibh rium mu na h-Eaglaise Chaitligeach”. Cha do bhruidhinn a companachan riutha uime a-riamh.

Fhuair e faothachadh nuair a thàinig an òrdugh gun tillidh an companaidh aige a Bhèal Feirste. Cha robh Bèal Feirste na làrach shàbhailte nas motha, ach bhathar ag ràdh 's nach robh e cho cunnartach ri Àird Mhacha a' Deas. Agus bha e nas fheàrr a' bhith fada bho'n aite far an do thuit a companaichean nach maireann.

Nuair a thàinig an òrdugh, chaidh e a' smaoinichadh gum bidh e ag obair an sin ann an dòigh àbhaisteach. Ach bha iongantas a' fèitheamh ris nuair a ràinig e air beulaibh a Ceannard. Bha an Ceannard na Sasannach, agus e a' bruidhinn Beurla le blas cho sgiobalta ris an stais aige: “A Chalum, feumaidh mi a' chur iarraidh ort ri dleastanas ùr a' dhèanamh”.

“*Sir!*” fhreagair Calum.

“Thathar ag ràdh rium gu bheil Gaeilge agad. A bheil sin ceart?”

“Uill, *Sir*, tha Gàidhlig na h-Alba agam, mar mo chànan dùthchasach. Tha mi air cluinntinn gu bheil an dà cànan glè choltach ri chèile. Ach cha robh mi riamh air coimeas a' dèanamh eadar iad”.

“Tro an dleastanas seo, bidh cothroman gu leòr agad airson an coimeas sin a' dhèanamh”.

An dèidh sin chaidh Calum ag obair ann an dòigh eadar-dhealaichte, anns a' Phrìosan “Ioma-shlighe”. Airson a' chiad turais ann a dreuchd mar saighdear, cha robh feum aige ri gunna a dh'iomchair. An àite gunna, bha trì innealan ùra aige: fòn-cluaise, paipear agus peann. Bha maicreafònaichean ceangailte leis an fhòn-cluaise, agus iadsan falaichte anns a

h-uile cealla far a bheil prìosanaich Poblachdaich a' fuireach. Dh'fheum do Calum a' bhith ag èisteachd ris na còmhradhean eadar na prìosanaich.

O chionn trì bhliadhna, thòisich na prìosanaich a' bhruiddhinn ri chèile anns a' Ghaeilge. Bhathar a smaoinneachadh nach bidh eòlas air Ghaeilge nach bidh oifigearan a' phrìosan ga tuigsinn, agus bha sin ceart: cha robh facal Ghaeilge aca. Aig an toiseach, cha robh e furasta ri Calum Gaeilge na prìosanaich a' thuigsinn, air sgàth 's nach robh fìor blas "Gàidhealach" aice. Chleachd na prìosanaich faclan agus co-chàradh Ghaeilge, ceart gu leòr, ach le fuaimneachadh na dualchainnt Beurla Bhèal Feirste. A' dh'aindeoin sin, an dèidh seachdain no dhà, chaidh Calum air tuigsinn a h-uile rud 's a bha iad ag ràdh.

Bha an Ceannard agus na h-Ùghdarrasan èile an dùil gum bi iad fiosrachadh cudromach fhaighinn tro meadhan obair an saighdear Uibhisteach. Bha Calum an dùil ud cuideachd. Ach, fad trì seachdain, cha do chuala Calum rud sam bith ach còmhradhean air leth àbhaisteach. Bha clasaichean Ghaeilge ann eadar na prìosanaich. Bha deasbairreachdan ann mu bràmairean agus beanan. Bu toil leotha a' bhith a' bruidhinn mu luchd-faire a' phrìosan: cò am fear as miosa? Ged 's a bha iad ri deasbadan a' dhèanamh air poilitigs, bha e coltach gun robh Palestine agus Cuba nas intinniche air an son na bha Èirinn fhèin. Uaireannan, nuair a bha fios aig na prìosanaich gum bi sgrùdadh cille ann, chuala Calum òrduighean a' gluasad bho cealla gu cealla: "Na freagair iad", no "Seinnibh uile còmhla - *Ho Ro 's e do Bheatha 'Bhaile'*". An dràsta 's a-rithist, thàinig an òrdugh: "Dèan sabaid orra!". Thug Calum rabhadh do na Luchd-Faire.

Gu h-àbhaisteach, chaidh na laithean a' gluasad gu mall. Bha tìde gu leòr aig Calum airson smaointinn mu dhèidhinn muirt a chompanaichean an-uiridh. Thàinig air ais na sgòthan dhubha às Àird Mhacha a' Deas. Chan fhaod Calum ùrnaigh a' dhèanamh fhathast airson Johnson agus Anderson. An àite a chridhe, dh'fhaireachadh Calum gun robh fuaran dubh na bhroilleach, agus sruth geur a' ruith bhuaithe a dh'ionnsaigh na prìosanaich. 'S dòcha gun robh am murtair nam measg. Nach ann iad uile co-ionnan? 'S ann, 's ann, gu cinnteach.

Aon latha, mhothaich Calum guth ùr air an fhòn-cluaise. B' e guth nas òige a bh'ann. Cha robh e comasach anns a' Ghaeilge fhathast, agus bhruiddhinn e ann am measgachadh de

Bheurla agus Ghaeilge. Chuala Calum gun robh am fear òg ud a' caoineadh gu tric, gu sonraichte tro'n oidhche. Beag air bheag chuala Calum an sgeulachd aig an duine òg. "Mharbh iad mo mhàthair 's mo bhràthair as òige air mo bheulaibh" ars esan. "Chan urrainn dhomh cadal a' dhèanamh gun trom-laighe faighinn".

"Carson a bheil thusa an seo, a' charaid?" ars guth nas sine.

"Chan eil fhios'm. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil Feachdan na Tèarainteachd gam chleachdadh mar pàirt de'n leisgeul aca. Ma bhios mise nam prìosanach, cha e nas fhasa dhaibh ghabhail a-steach gun robh mo mhathair 's mo bhrathair nan ceannaircich. Ach cha robh iadsan riamh an lùib na h-IRA. Cha robh mise na lùib nas motha".

Latha no dhà an dèidh sin, chuala Calum seòrsa dheas-ghnàth. A-rèir coltas, bha na prìsonaich a' dèanamh ball na h-IRA de'n duine òg, agus esan ag innse bòid, loidhne air loidhne a' leantainn guth nas sine. Sgòthan dubha is fuaran dubh.

Cha do chur an deas-ghnàth sin stad air chùram a' dhuine òg co-dhiù. Thill e ga chaoinich a-rithist. Ach bha e soilleir nach robh e fo bhròn air a shon fhèin: bha a chridhe air briseadh airson a mhàthair 's a bhràthair. Am measg nam fuaimnean cràiteacha às an duine òg, chunnaic Calum guthan nas sine; guthan maotha, agus iadsan a' nochdadh co-fhaireachdainn ris am fear òg. B' ann le iongantais a mhothaich Calum deòir air a ghruaidhean fhèin. Dh'fhaireachadh e atharrachadh na bhroilleach: toiseach tiormachadh an fhuaran dubh. Rinn Calum sabaid an aghaidh an fhaireachdainn neo-thaitneach ud.

Thòisich aon de na guthan as sine am paidirean ag ràdh. Rinn e a' chiad leth de gach ùrnaigh, agus rinn a h-uile daoine eile an ath-phàirt. Leth air leth a' leantainn an guth as sine. Mhothaich Calum guth ùr ann, agus esan ag ùrnaigh cuideachd: "A Naomh Mhoire, a Mhàthair Dhè, guidh air ar son-ne na peacaich a-nis agus aig uair ar bàis". Guth làidir agus eòlach: guth Chalum fhèin, ag ùrnaigh airson Johnson agus Anderson; airson màthair is bràthair a' dhuine òg; airson na peacaich uile.